

An Am a Chruthaich Dia Gach Nì
Tha an sgeulachd seo à Facal Dhè,
Am Bioball, ri
faighinn ann an Genesis 1 agus 2

Tha an leabhran seo mar ghibht bho:
"Bheir fosgladh do bhriathar solas."
Salm 119:130


19

20

21

22

AN ÀM A CHRUTHAICH DIA GACH NÌ



Sgrìobhte le Edward Hughes
Dealbhan le Byron Unger; Lazarus
Alastair Paterson

Air eadar-theangachadh le
Eleanor Wood agus Joan NicDhòmhnaill
Eadar-theangaichte le Bob Davies; Tammy S.

Sgeulachd 1 a-mach a 60

M1914.org

Bible for Children, PO Box 3, Winnipeg MB R3C 2G1 Canada

Cead: Tha cead agaibh an sgeulachd seo a chlà-bhualadh,
agus leth-bhreacan a dhèanamh, fhad nach eil sibh gan reic.

23

Tha fios aig Dia gu bheil sinn air
rudan dona a dhèanamh, rudan ris an can
Esan peacadh. Is e bàs am peanas airson peacadh.

Tha gaol Dhè oirnn cho mòr gun do chuir e an t-aon Mhac
a bh' aige, Iosa, a bhàsachadh air Crois, a phàigheadh airson
nam peacaidhean againn. Thàinig Iosa beò a-rithist agus
chaidh E air ais a Nèamh! A-nis, nì Dia maitheadh
dhuinn airson ar peacaidhean.

Ma tha thu airson tionndadh air falbh bho na peacaidhean
agad, can seo ri Dia: A Dhè, tha mi a' creidsinn gun do bhàsaich
Iosa air mo sgàth agus gu bheil E beò a-rithist. Thig nam
bheatha agus dèan mathadh air mo pheacaidhean gus am faigh
mi beatha ùr an-dràsta, agus gun tèid mi, aon latha, a
dh'fhuireach còmhla Riutsa gu siorraidh. Cuidich mi a bhith
Gad leantainn mar Do leanabh. Amen. Eòin 3:16

Leugh am Bioball agus bruidhinn ri Dia a h-uile latha!

Gàidhlig

Gaelic

Cò chruthaich sinn? Tha am Bioball, Facal Dhè, ag
innse mar a thòisich an cinne daonna. Bho chionn
fhada, chruthaich Dia a'chiad duine agus thug Dia
Adhamh mar ainm air.



1

Chruthaich Dia Adhamh a-mach à duslach na
talmhainn. An uair a shèid Dia anail na beatha ann
an Adhamh, thàinig Adhamh beò. Bha e suidhte ann
an gàrradh àlainn Edein.



2

Mus do chruthaich Dia Adhamh, chruthaich e saoghal àlainn loma-làn de nithean mìorbhaileach. Ceum air cheum, chruthaich Dia na cnùic, na cluaintean, na flùraichean cùbhraidh, na craobhan àrda, na h-eòin len itean daite, na seilleanan srannach, na mucan-mara luidireach agus na seilcheagan




slamhainn.

Gu dearbh, chruthaich Dia gach nì a th'ann - seadh, gach nì!


3

Anns an toiseach, mus do chruthaich Dia nì sam bith, cha robh nì sam bith ann ach Dia. Cha robh daoine ann. Cha robh àitean ann. Cha robh rud sam bith ann. Neoni. Cha robh solas ann. Cha robh dorchadas ann. Cha robh shìos ann. Cha robh shuas ann. Cha robh an-dè ann. Cha robh am-màireach ann. Cha robh ann ach Dia fhèin - Dia aig nach robh toiseach. An sin chaidh Dia gu obair! Anns an toiseach, chruthaich Dia na nèamhan agus an talamh.




4

Agus bha an talamh gun dealbh agus falamh. Agus bha dorchadas air aghaidh na doimhne. Agus thuirt Dia, "Biodh solas ann."




5

Agus bha solas ann. Thug Dia mar ainm air an t-solas Là agus thug e mar ainm air an dorchadas Oidhche. Agus b'iad am feasgar agus a' mhadainn a' chiad là.



6


Air an dara là, rinn Dia an t-adhar agus chuir e dealachadh eadar na h-uisgeachan a bha fon adhar agus na h-uisgeachan a bha os cionn an adhair. Thug Dia mar ainm air an adhar Nèamh.



Air an treas là, thuirt Dia, "Cruinnichear na h-uisgeachan a tha fo nèamh a dh'aon àite agus leigear ris an talamh tioram." Agus bha e mar sin.


7

Dh'òrdaich Dia gun tugadh an talamh a-mach fear, lusan agus craobhan. Agus bha e mar sin. Agus b'iad am feasgar agus a' mhadainn an treas là.




8

An uair sin, rinn Dia a' ghrian airson solas an là agus a' ghealach agus reultan do-àireamh airson na h-oidhche. Agus b'iad am feasgar agus a' mhadainn an ceathramh là.




9

An dèidh sin, chruthaich Dia na creutairean mara, an t-iasg agus na h-eòin. Air a' chòigeamh là, chruthaich Dia na mucan-mara mòra agus na sgadain gheàrr, struthan nan casan fada agus dreathain-donna nan casan beaga. Chruthaich Dia gach uile chreutair a thug na h-uisgeachan a-mach gu pailt a-rèir an gnè agus gach eun iteagach a-rèir a ghnè. Agus b'iad am feasgar agus a' mhadainn an còigeamh là.



10

An dèidh sin, thuirt Dia, "Thugadh an talamh a-mach an creutair beò a-rèir a ghnè ..." Agus bha e mar sin - a h-uile seòrsa beathach agus biastag agus gach nì a shnàigeas. Bha an t-aibhean mòr, trom-chasach ann agus am biobhair beag, trang. Am muncaidh àbhachdach agus an crogall cloidseach. A' bhoiteag shnàigeach agus an sionnach seòlta. An siorar spathaltach agus a' phiseag phiorrach.



11

Rinneadh gach seòrsa beathach le Dia air an t-siathamh là agus chunnaic Dia gun robh e math.


Rinn Dia rud eile air an t-siathamh là - nì air leth sonraichte. Bha a h-uile rud a-nis deiseil airson an Duine. Agus thuirt Dia, "Dèanamaid duine nar dealbh fhèin, a-rèir ar coslais fhèin agus biodh uachdaranachd aige os cionn gach nì a tha air an talamh."



CHRUTHAICH DIA AN DUINE NA DHEALBH FHEIN. ANN AN DEALBH DHE, CHRUTHAICH E E.


12

Labhair Dia ri Adhamh agus thuirt e, "De gach uile chraoibh anns a' ghàrradh faodaidh tu itheadh gu soar: Ach de chraoibh eòlais a' mhaith agus an uilc na ith dhith sin; oir ma dh'itheas, gu cinnteach bàsaichidh tu."




13

Agus thuirt an Tighearna Dia, "Chan eil e math gum biodh an duine na aonar. Nì mi dha còmhnaidh da rèir fhèin." Thug Dia na beathaichean agus na h-eòin a chum Adhaimh. Thug Adhamh ainmean orra uile. Feumar gun robh e gu math tuisgeach mus do rinn e seo. Ach do Adhamh cha d'fhuaireadh còmhnaidh da rèir fhèin.




14

Agus thug an Tighearna Dia air cadal trom tuiteam air Adhamh. Fhads a bha Adhamh 'na chadal, thug Dia aisean a-mach à Adhamh agus rinn Dia Mnaoi às an aisean. Bha a' mhnaoi arinn Dia dìreach ceart agus freagarrach do Adhamh.



15

Rinn Dia gach nì ann an sia làithean. An uair sin ghabh Dia fois air an t-seachdamh là. Bheannaich Dia an seachdamh là agus naomhaich e e. Rinn Dia là fois dheth. Ann an gàrradh Edein, bha sonas foirfe aig Adhamh agus a bhean Eubha agus iad a' toirt ùmhachd do Dhia. B'e Dia an Tighearna, an Sola-raiche agus an Caraid.



16

An Am a Chruthaich Dia Gach Nì
Tha an sgeulachd seo à Facal Dhè,
Am Bioball, ri
faighinn ann an Genesis 1 agus 2

Tha an leabhran seo mar ghibht bho:
"Bheir fosgladh do bhriathar solas."
Salm 119:130

17

18